![Speaking Our Language]



# CÒ AS AITHNE DHUT?

## WHO DO YOU KNOW?

**Tha Iain, Hilda, Goraidh, Cairistìona agus Gilleasbaig ag obair air an aon làr ann an togalach oifisean. Tha iad a' bruidhinn mu cò as aithne dhaibh air na làran eile. Leugh an còmhradh agus cuir strìochag ris na seantansan gu h-ìosal a tha fìor.**

Iain, Hilda, Godfrey, Christine and Archibald work on the same floor of an office block. They discuss who they know on other floors. Read the conversation and tick the statements which are right.

| | |
|---|---|
| Iain: | An aithne dhuibh Ros? Tha e ag obair ann am Margaidheachd. |
| Cairstìona: | 'S aithne dhòmhsa e. |
| Gilleasbaig: | Tha mise eòlach air. Bidh sinn a' dol a-mach airson pinnt a h-uile Dihaoine. |
| Hilda: | Chan aithne dhomh esan idir, ach 's aithne dhomh Stiùbhart – tha esan ag obair air a' cheathramh làr cuideachd. |
| Goraidh: | 'S aithne dhòmhsa e. Tha e làn dheth fhèin. Nan rachadh tu dhan rùm aige, cha mhòr gum bruidhneadh e riut. |
| Hilda: | Fan sàmhach! Cha chreidinn gu bheil e mar sin. |

**Margaidheachd** – Marketing

1. 'S aithne do Chairistìona Ros (ceart) (ceàrr)
2. Chan eil Gilleasbaig eòlach air Ros.
3. 'S aithne do Hilda Ros cuideachd.
4. Tha Goraidh a' smaoineachadh gu bheil Stiùbhart làn dheth fhèin.
5. Nan rachadh tu dhan rùm aig Stiùbhart, cha mhòr gum bruidhneadh e riut, tha Goraidh ag ràdh.

**Eadar-theangachadh: Iain:** Do you know Ross? He works in Marketing. **Christine:** I know him. **Archibald:** I know him well. We go out for a pint every Friday. **Hilda:** I don't know him at all, but I know Stewart – he works on the fourth floor as well. **Godfrey:** I know him. He's full of himself. If you went to his room, he would hardly speak to you. **Hilda:** Get away. I wouldn't believe he's like that. 1. Christine knows Ross. **2.** Archibald doesn't know Ross (well). **3.** Hilda also knows Ross. **4.** Godfrey thinks Stewart is full of himself. **5.** If you went to Stewart's room, he would hardly speak to you, Godfrey says.

**Freagairtean:** 1. ✓ 2. ✗ 3. ✗ 4. ✓ 5. ✓